



Tiotal: Dàimhean gaoil agus romansach

Pàirt 1: Gaol

ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faighinn spèis agus a' toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus 's urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a	<ul style="list-style-type: none">Fireanachadh carson a tha dealas, earbsa agus spèis aig teis meadhan a bhith fo chùram agus cùram do chàch.
Tha mi a' tuigsinn cudromachd agus feum air dealas, earbsa agus spèis ann an dàimhean gràdhach agus gnèitheasach. Tha mi a' tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadhd. HWB 4-44c	<ul style="list-style-type: none">Mineachadh cudromachd luachan is amasan co-roinnté ann an cumail suas dhàimhean gràdhach agus gnèitheasach, mar eisimpleir, spèis do chàch-a-chèile, aonta mu fheise.
Tha mi a' leasachadh sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean agam agus mo ghiùlan gnèitheasach. Is urrainn dhomh iad sin a chur an sàs ann an suidheachaidhean a dh'fhaodadh a bhith dùbhlach no duilich. HWB 4-46c	<ul style="list-style-type: none">Taisbeanadh nan sgilean a tha a dhìth airson suidheachaidhean dùbhlach a làimhseachadh taobh a-staigh dhàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, coràiteachadh, co-fhaireachdainn, dearbhachd.
Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a	

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoin' òga cho cudromach 's a tha cùram dhaibh fhèin agus do dhaoin' eile ann an dàimhean.
- Gun tuig daoin' òga gum faod dàimhean inbheach pòsadhd, compàirteachas sìobhalta agus fuireach còmhla a ghabhail a-steach.
- Gun aidich daoin' òga na cuideaman a th' orra gus a bhith ann an dàimhean.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu cho cudromach 's a tha conaltradhd, firinn agus earbsa ann an dàimhean.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa cèile a dh'iarrainn, agus mu na bheirinn-sa chun na dàimh.
- Tha mi a' tuigsinn gum faod inbhich a bhith pòsta, ann an dàimh shiobhalta no a' fuireach còmhla.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus co-dhùnaidhean a ruighinn mu na dàimhean a tha mi ag iarraidh.

NÒTA: Tha rannsachadh mu shlàinte agus sunnd fheiseil dhaoin' òga a' sealltainn gu bheil fòcas air ciall agus eòlas a bhith ann an gaol gan cuideachadh gus samoineachadh air dàimhean agus uallaichean do dhaoin' eile. Tha seo air sàillibh gum bi daoin' òga a' dèanamh ceangal eadar gaol agus bun-bheachdan deimhinneach leithid earbsa, dealas agus spèis. Tha na beachdan sa ghnìomh seo a' tighinn bho

rannsachadh ri daoine òga ann an Alba. Aig an toiseach agus tron t-sreath seo de ghnìomhan ionnsachaidh, tha e cudromach gun cuir an tidsear/neach-foghlaim cuideam air a' phuing nach bu chòir do dhaoin' òga faireachdainn gum feum iad a bhith ann an dàimh mar-thà, no gum bu chòir dhaibh a bhith ann an dàimh cho luath 's a ghabhas. Bidh e cuideachail do dhaoin' òga nach eil ann an dàimhean gum bi seo air aithneachdad mar roghainn dheimhinneach.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Cairtean còmhraidh
- Bàrdachd

Obair

1. Tòisich an seisean mar seo: Bidh daoin' òga a' smaoineachadh agus a' bruidhinn air romansa agus gaol. 'S dòcha gu bheil cuid de dhaoine ann an dàimh, a' smaoineachadh air a bhith ann an dàimh, no 's dòcha gu bheil iad air co-dhùnadh nach eil dàimh ceart dhaibh an-dràsta. Ge bith càit a bheil iad le leithid de bheachdachadh, tha e an-còmhnaidh math a bhith a' smaoineachadh mu dheidhinn. 'S e deagh àite töiseachaидh a th' anns a' cheist (air an slaighd): **Dè th' ann an gaol?** Èist ri cuid de na ciad bheachdan bhon bhuidheann.
2. Airson leantainn air adhart leis a' chòmhradh cuir na daoin' òga ann am buidhnean agus sgaoil na cairtean/promtan còmhraidih **Dè th' ann an gaol?** Inns gu bheil 4 beachdan/earrannan agad bho dhaoin' òga Albannach, a' bruidhinn mu na tha gaol a' ciallachadh dhaibhsan. Iarr air na buidhnean bruidhinn mu na beachdan fear mu seach, daingnich ged a bhios diofar bheachdan againn nach eil freagairtean ceart no ceàrr ann.
3. Faigh beachdan bho na daoin'òga air ha h-earrannan/cairtean, 's dòcha le bhith a' leughadh nan cairtean tè mu seach. Mura tig e suas ann an còmhradh, faighnich: *Ann an earrann 2, tha an neach òg a' buidhinn air earbsa? Dè tha iad a' ciallachadh leis an sin? Carson a bhiodh sin cudromach nam beachdsan?*
4. Cleachd an slaighd: **Na dh'fheumas tu airson dàimh ghaolach.** Air duilleagan pàipeir iarr air na buidhnean beaga smaoineachadh mu eileamaidean dàimh ghaolach dhaibhsan. Can gu bheil e car coltach ri reasabaidh, a' cruthachadh dàimh gaoil bho sheata de fheartan – 's dòcha gum bi iad airson beachdachadh air co-dhiù a dh'fheumas iad tòrr de gach rud no a bheil an rud sin riatanach, no rudeigin a bhiodh math ach nach eil cho cudromach. An uair sin, às dèidh beagan meòrachaïdh faigh fios-air-ais agus coimhead airson rudan air a bheilear ag aontachadh agus far a bheil sgaradh bheachdan ann. (Nòta: nam biodh beachd no dhà feumail dhan luchd-ionnsachaïdh agad mar thoiseach töiseachaïdh, no gu dearbh nam biodh 'liosta' air an coimheadadh iad feumail, seo beachdan airson a' chòmhraidih. Dè na dh'fheumadh tu de gach rud? *Dh'fhaodadh dàimh ghaolach a bhith a' ciallachadh gu bheil daoine firinneach, càirdeil, ghaolach, coibhneil, cudaileach, spèiseil, dìleas, earbsach, taingeil, ùidheil, taiceil, maitheasach, romansach, fein-thoileil*)
5. Ag èisteachd ris na beachdan gu lèir, inns dhan bhuidheann gum bi luchd-saidheans a' sgrùdadh dè th' ann an gaol, agus gum bi an saidhg-eòlaiche Robert Sternberg, bho Oilthigh Yale sna Stàitean Aonaichte, a' sgrùdadh gaol. Tha e a' faighneachd: **'Dè tha e a' ciallachadh a bhith ann an gaol ri cuideigin?'** Seall agus leugh an diagram/slaighd: **Teòridh air gaol - A theory of love.** Tha na slaighdean a leanas a' dèanamh sgrùdadh air na 3 eileamaidean a th' air an ainmeachadh. Dè tha iad a' ciallachadh a rèir nan daoin' òga? Agus an uair sin mìneachadh airson gach fear. Dèan cinnteach à tuigse agus brosnaich còmhradh. Crìochnaich le slaighd nan 3 eileamaidean.
6. Le teòridh nan 3 eileamaidean nar n-inntinn brosnaich còmhradh. A bheil na daoin' òga a' dol an aghaidh na thathar ag ràdh? Carson? Faodaidh tu na ceistean air an slaighd a chleachdad, no còmhradh nas fhuasgalte a bhrosnachadh. Faodar barrachd ùine a chur seachad air a' chòmhradh mu cheist 3 airson bruidhinn mu chuideam, feitheamh/dàil agus nach fheum neach òg gaol a 'dhearbhadh' le bhith ri feise.
 - A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil barrachd an lùib gaol seach na trì rudan seo?
 - A bheil fear seach fear nas cudromaiche/neo-chudromaiche dhutsa?

- A' smaoineachadh mu phaisean ... Am feum sin a bhith a' ciallachadh a bhith ri feise? Am feum feise a bhith na phàirt de ghaol?

A bheil gu leòr ann an aon eileamaid? Am bi e a' toirt ùine na rudan sin a chruthachadh co-dhiù?

7. Thoir a-steach am beachd gun robh ùidh riamh aig luchd-ealain agus bàird ann an gaol.

An dàrna cuid: Inns gu bheil dàin gaoil agad, iarr air a' bhuidheann èisteachd agus cur romhpa a bheil na dàin a' freagairt air na faireachdainnean acasan a thaobh na bu chòir do ghaol a bhith a' ciallachadh. Leugh (aon/barrachd) den taghadh a chaidh a thoirt seachad (no lorg feedhainn eile) agus brosnaich còmhradh mun deidhinn. Ma tha buill den chlas/bhudheann deònach, faodaidh iad na dàin a leughadh, bidh cuid a' toirt orra osnaich no gàire a dhèanamh, faigh a-mach carson? Mas fheàrr leat, cleachd dàin no faclan òrain air a bheil thu fhèin eòlach.

NO/AGUS: Ma tha na dàin ro dhoirbh, no ma tha gu leòr ann an aon eisimpleir, iarr air na daoin' òga ('s dòcha ro-làimh) facail nan òran as fheàrr leothasan mu ghaol no romansa innse. Faodaidh iad fònaichean / tablaidean a chleachdad gus beagan loidhnichean a lorg, an leughadh a-mach agus toirt air daoine eile tomhas cò na h-òrain a th' ann. Brosnaich deasbad: Carson a tha uimhir de dh'òrain air an sgrìobhadh mu ghaol? A bheil na h-òrain a' bruidhinn air diofar rudan? Bho thaobh cò?

8. Puing còmhraidh mu dheireadh: **Mar sin, dè cho cudromach 's a tha bun-bheachd gaol do dhaoin' òga an diugh?** Dèanaibh còmhradh sna buidhnean no iarr air na daoin' òga seasamh ann an sreach mas fhìor 1-10 agus innse carson a sheas ias far a bheil iad.

Beachdan eile

- Tha stuthan RSHP gu lèir a' toirt chothroman obair tar-churraicealaim a dhèanamh; Gun cheist sam bith tha am bloc seo freagarrach airson obair co-cheangailte ri Litearrachd còmhla ri co-obraichean Roinn na Beurla.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacs seo a chleachdad airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun t-sreach seo de leasanan.

Mar phàirt den ionnsachadh RSHP againn (Dàimhean, Fallaineachd feise agus Paranatachd), tha sinn a' meòrachadh air a' chuspair dàimhean romansach agus gaolach. Gus ar cuideachadh a' smaoineachadh air an seo, bidh seiseanan againn a' coimhead air gaol, an uair sin air fuireach còmhla, pòsadh agus compàirteachasan siobhalta. Bidh sinn cuideachd a' coimhead air na tha an lùib toirt air na dàimhean sin obrachadh agus na tha daoin' òga ag iarraidh bho chèile ann an dàimh. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil cuid de dhaoin' òga nach eil ann an dàimh, 's nach eil iad airson a bhith. Tha na gnìomhan ionnsachaidh a' cuideachadh nan daoin' oga gus tuigsinn co-dhiù a tha iad airson a bhith ann an dàimh no nach eil, gum faod rudan deimhinneach a bhith an lùib a' cho-dhùnaidh aca. Ann am feedhainn de na leasanan tha gnìomhan agus còmhraighean a dh'fhaodas sibh a chleachdad aig an taigh; faighnich dhan phàiste agad. Tha sinn ag obair còmhla air na cuspairean airson clann a chuideachadh a' meòrachadh air cudromachd faighninn càram bho dhaoin' eile agus toirt càram do dhaoin' eile.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighninn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- A' fuireach còmhla, Pòsadh agus Compàirteachasan Siobhalta

- Dàimhean ag obair
- Feartan cèile agus a' bruidhinn mu dhàimhean

Nòtaichean Tidseir

